

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 11 | 2016 | AN T-SAMHAIN

Facal Toisich

Rinneadh rannsachadh a dh'fhaicinn dè na h-àiteachan ann am Breatann as fheàrr airson a bhith a' togail òigridh. Am bliadhna a-rithist cho-dhùin luchd-sgrùdaidh gur e eileanan na h-Alba – Arcaibh, Sealtainn agus na h-Eileanan an Iar – na coimhearsnachdan a thàinig air thoiseach air càch mar cheàrnaidhean anns a bheil an dòigh-beatha as fhallaine don fheadhainn òga.

Dè as coireach gu bheil beatha cho math aig na daoine òga a tha ag èirigh suas anns na h-eileanan an coimeas ris an t-sluagh ann an àiteachan eile de Bhreatann? Tha mi a' creidsinn gum faodadh a' cheist a bhith air a freagairt ann an dòighean eadar-dhealaichte.

Tha fios gu bheil buaidh aig an àrainneachd air inntinn dhaoine. Anns na h-eileanan lorgar sàmhchair air na tràighean, air na machraichean agus am measg nam beann. Tha iad 'nan àiteachan anns am faigh an òigridh fois agus suaimhneas. Anns an t-Sultainn bha sreath de phrògraman air an telebhisean mu na h-eileanan mun iar agus mu thuath air Alba a bha a' dearbhadh cho mìorbhaileach agus a tha obair nàdair anns na h-àiteachan sin.

Ann an eileanan na h-Alba tha spiorad coimhearsnachd nach eil cho nochdte anns na bailtean mòra far a bheil beatha dhaoine nas dripeile, far nach eil e cho furasda ùine a lorg airson smaoinichadh air feuman dhaoine eile. Bha na Gàidheil riamh a' cur luach air aoidheachd agus coibhneas, a bhith a' gràdhachadh do choimhearsnaich mar thu fhèin. Tha goireasan anns a' bhaile mhòr nach eil aig muinntir nan eilean ach tha cur-seachadan tlachdmhor aig na h-eileanaich.

A dh'aindeoin atharrachaidhean, tha beatha na h-Eaglais nas beothaile anns na h-eileanan na tha i ann an ceàrnaidhean eile den dùthaich. Tha fios gu bheil sin cuideachd 'na mheadhan air an dòigh-bheatha anns an fharsaingeachd. Ach tha feum air barrachd àite a bhith air a thoirt don òigridh ann am beatha na h-Eaglais agus gum bi fios aca gu bheil fàilte romhpa.

**Gach beannachd gu robh agaibh,
Ruairidh MacLeòid.**



Cò nach eil eòlach air carragh-cuimhne grinn nan Commando faisg air Drochaid an Aonachain? Chaidh a chur an seo mar chuimhneachan air na gaisgich a rinn obair cho gaisgeil aig àm an Darna Cogaidh. Air a' mhios seo bidh seirbheisean air an cumail an Drochaid an Aonachain agus aig na ceudan de charraighean-cuimhne air feadh Alba a' cur urraim air an fheadhainn a fhuair bàs anns an dà Chogadh Mhòr agus anns na coimhstrithean a tha air a bhith ann on uair sin.

Cùil nan Ceist

Nuair a chaidh seo a sgrìobhadh bha an latha a' fàs nas giorra agus am feasgar a' tighinn nas luaithe. 'S ann air rudan anns a' Bhìoball a thachair air an fheasgar a tha na ceistean an turas seo. Gheibhear freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Dè an t-eun a thàinig gu Nòah air an fheasgar? (Genesis, caibideil 8.)
2. Lìon a' bheàrn seo – “Agus air teachd don fheagar an — sin fhèin”. (Soisgeul Eòin, caibideil 20.)
3. Cò a bha 'na aonar air a' bheinn ag ùrnaigh nuair a thàinig a feasgar? (Mata, caibideil 14.)
4. Cò còmhla ris an do sheas an sluagh o mhadainn gu feasgar? (Ecsodus, caibideil 18.)

Am Measg mo Leabhraichean – 4

Anns an t-sreath seo de sgrìobhaidhean tha na faclan seo againn mar shuaicheantas, *'S e companach beannaichte a tha ann an leabhar*. Tha mi a' taghadh leabhraichean o na sgeilpichean anns an t-seòmar-leughaidh agam fhèin a tha air a bhith 'nan tlachd agus 'nan toil-inntinn dhomh rè nam bliadhnachan.

Tha cnap math de leabhraichean agam anns a bheil searmoinean sgrìobhte, gu h-àraidh searmoinean le ministearan Gàidhealach.

Ann an 1950 dh'fhoillsich an t-Oll. Urr. Tòmas MacCalmain, a bha ùine mhòr 'na fhear-deasachaidh air *Na Duilleagan Gàidhlig*, an leabhar *An luchair Oir*, seachd air fhichead de na searmoinean aig an Urr. Calum MacLeòid à Uige Leòdhais. B'aithne dhomh boireannach còir ann am Beàrnaraigh na Hearadh agus 's e *leabhar ion-mhiannaichte* a bhiodh aice air *An luchair Oir*.

Tha na searmoinean air an toirt seachad ann an cainnt cho grinn siùbhlach, a' cur an cèill sgeul an t-Soisgeil gu sìmplidh brìoghmhor. B'fhiach na searmoinean a bhith air an clò-bhualadh as-ùr airson gun cuireadh ginealach ùr de luchd-leughaidh eòlas orra. Tha grunn searmoinean anns an leabhar a chaidh a chraobh-sgaoileadh air an ràdio ann an làithean dorcha an Darna Cogaidh.

Tha trì de na searmoinean anns an *luchair Oir* a' crìochnachadh leis na faclan aig Murchadh a' Cheisteir, agus bu toigh leamsa cuideachd an aithisg seo a thoirt gu ceann leis na sreathan anns a bheil am bàrd ag innse gu h-aoibhneach dè a bha a chreideamh a' ciallachadh dha –

Tha agam ann an Criosd na tha m'anam bochd ag iarraidh,

'S chan abair mi gu sìorraidh nach leòr e;

Tha 'n t-uisge dol 'na fhion ann, tha mil is bainne 's biadh ann,

Tha cridhealas is fialachd is ceòl ann.

(Ann an iomrall a rinneadh an dèidh don fhear-dheasachaidh an stuth a chur air falbh chaidh an aon aithisg a chlà-bhualadh dà mhìos an dèidh a chèile. Anns an ath àireamh bheir sinn dhuibh am pìos a chaill sibh.)

Leasachadh air Eaglais Cholbhasaigh

Tha clag air mòran de na h-eaglaisean ann an Alba. Anns na seann làithean, nuair nach robh clog no uaireadair ann an cuid de dhachaighean, bhiodh clag na h-eaglais ag innse don t-sluagh gu robh uair na seirbheis a' tighinn dlùth. Ann am fear de na h-eileanan, far an robh an t-seirbheis mhaidne aig meadhan-latha, bhiodh clag na h-eaglais air a sheirm an toiseach aig cairteal an dèidh aon uair deug airson daoine a chur 'nam faireachadh. Bhiodh e air a chluinntinn a-rithist aig cairteal gu meadhan-latha airson gun tuigeadh an luchd-adhraidh cho faisg agus a bha uair na seirbheis.

Ann an eilean Cholbhasaigh bha feum air obair chàraidh air an tùr chloiche anns a bheil an clag suidhichte. Le obair eile air mullach an togalaich a bha riatanach bha feum aig a' choitheanal air trì fichead mìle not a thogail. Cha robh iad airson cudthrom a chur air Eaglais ann an Dùn Eideann agus chuir iad romhpa gun cruinnicheadh iad fhèin an t-airgead. Cha tug iad ach sia mìosan chaidh aig an t-sluagh air an t-sùim mhòr seo a thogail.

Fhuair an coitheanal cùl-taic o bhuidhnean eile air an eilean agus ann an ceàrnaidhean eile. Fhuair iad cùl-taic on Eaglais Bhaistich air an eilean a bharrachd air an uachdarain leis a bheil Colbhasaigh. Tha seo 'na chomharradh air a' cho-chomann agus an spiorad choimheasnachd a gheibhear gu tric ann an eileanan na h-Alba. Tha an coitheanal rim moladh airson a bhith cho dìcheallach.

Fàgail Thiriodh

Tha an t-Urr. Ealasaid NicGhilleathain air Tiriodh fhàgail an dèidh a bhith 'na ministear air an eilean o 2011. Mun do rinn i cùrsa na ministrealachd bha i 'a lighiche sprèidh. Air an t-siathamh latha fichead den t-Sultain chaidh a pòsadh ri coitheanal Phòil agus Forth ann an Clèir Lannraig. Anns na bliadhnachan a bha i ann an Tiriodh rinn i obair mhath ann am beatha na h-eaglais agus ann am beatha na coimhearsnachd. Bha ùidh aice anns a' Ghàidhlig. Bha càirdeas math eadar i fhèin agus an coitheanal Baisteach. Bidh ionndrain oirre agus tha i fhèin ag ràdh gu bheil iomadh cuimhneachan sona aice air Tiriodh.

Leabhraichean

Bha na Gàidheil riamh a' cur luach air spiorad a' chàirdeis. 'S e a tha anns an leabhar iomradh air a' chàirdeas a dh'èirich eadar fear de phrìomh bhàird Ghàidhealach na ficheadamh linn, Murchadh MacPhàrlain, agus tè de bhan-sheinneadairean barraichte ar latha, Mairead NicLeòid.

Thachair do fhear-deasachaidh nan *Duilleagan Gàidhlig* a bhith ann an Leòdhas an latha a chaidh Murchadh MacPhàrlain a thiodhlacadh. Bha e ga mheas 'na urram gun deach iarraidh air ùrnaigh a chur suas aig an t-seirbheis ann an dachaigh a' bhàird.

'S e duine bàigheil iriosal a bha ann am Murchadh MacPhàrlain. Bha e air fear de na h-eilthirich a sheòl air a' *Mhetagama* ann an 1924, ach ann an 1932 thill e dhachaigh, mar a thubhairt e fhèin, *Cha mhòr cho bochd 's a dh'fhalbh mi, ach*

**Le Mùirn
Murchadh MacPhàrlain agus Mairead NicLeòid
Sgeul Càirdeis
le Caitriona Mhoireach
(air fhoillseachadh le Faram)**

beagan na bu ghlice.

Bha bàrd Mhealaboist sgileil mar fhear-ciùil agus 's e a chuir fonn air na h-òrain aige a tha cho ainmeil am measg nan Gàidheal an-diugh. Agus tha na h-òrain aige tarraingeach do na mìltean, sean agus òg, aig nach eil Gàidhlig. Bha e airson ceòl a chruthachadh a bhiodh gu h-àraidh tlachdmhor don òigrìdh.

Bhiodh cuid de na bàird a' mì-bhuileachadh an tàlantann ann a bhith a' càineadh dhaoine eile. Ach chan eil càil den spiorad sin ann an dàin Mhurchaidh MhicPhàrlain.

Tha iomadh cuspair eadar-dhealaichte anns an leabhar thlachdmhor seo co-cheangailte ri beatha Mhurchaidh, na comasan a bha aige, agus cuideachd a' bhuidhe a bha aig an obair aige air luchd-ealain eile.

Searmon Beag

Teaghlach a' Chreidimh (Litir nan Galatianach 6:10)

Tha barrachd air aon ainm againn anns an Tiomnadh Nuadh airson nan daoine a bha a' leantainn Chrìosd.

'S e seòrsa de dh'fhar-ainm a bha anns an fhcal *Criosdaidhean* an toiseach. B'ann am baile Antioch a thugadh an t-ainm sin air tùs air an fheadhainn a bha a' creidsinn ann an Iosa. Ach thàinig an t-ainm *Criosdaidh* gu bhith 'na ainm uasal a bha na creidmich a' gabhail ris agus a bhiodh iad a' gabhail orra fhèin. Tha iomadh tiotal ann a thòisich 'na fhar-ainm a bhiodh air a ghabhail air daoine, 's dòcha air cùl an cinn, a thàinig ri tìde gu bhith 'na anns an robh iad moiteil.

Tha ainm aig Pòl ann an litir nan Galatianach air luchd-leanmhainn Chrìosd anns a bheil an dà chuid sìmplidheachd agus doimhneachd, agus 's e am facal sin *teaghlach, teaghlach a' chreidimh*.

Tha gach teaghlach eadar-dhealaichte. Anns a h-uile teaghlach tha sgilean agus comasan agus fiosrachaidhean aig gach ball, agus tha sin fìor cuideachd mu theaghlach a' chreidimh. Tha sinn air ar gairm gu bhith a' cleachdadh nan sgilean a chaidh a bhuileachadh oirnn le Dia ann an seirbheis na coimhearsnachd agus ann an seirbheis na h-eaglais. Tha Pòl a' sgrìobhadh anns a' chaibideil seo ann an litir nan Galatianach, *Giùlainibh uallaichean a chèile*. Anns a h-uile teaghlach bidh an fheadhainn as sine a' cuideachadh an fheadhainn as òige, an fheadhainn as trese a' toirt taic don fheadhainn as laige.

Nuair a bheachdaicheas sinn air an fhacal *teaghlach* bidh sinn a' smaoinichadh air càirdeas agus co-chomann a tha dlùth agus domhainn. Tha na bannan a tha a' ceangal theanglaichean ri chèile nas treise na bannan eile. Thubhairt

an salmair, *Suidhichidh Dian a daoine aonranach ann an teaghlachaichean*.

Bha cuid de na deisciobail aig Iosa a bha càirdeach dha chèile a thaobh na feòla. Peadar agus Anndrais, Seumas agus Eòin, bha iad gu litireil 'nam bràithrean. Tha iad ceangailte ri chèile ann an dòchas, ann an creideamh agus ann an gràdh. Tha Pòl ag ràdh gur aon sinn uile ann an Iosa Crìosd.



Chaidh an dealbh seo a thogail bliadhnan mòra mus robh an t-Urr. Ealasaid NicGhilleathain 'na ministear ann an Tiriodh. Tha an sreath seo de thaighean ann an Sanndaig. An-diugh chan fhaicear tughadh air na taighean ach tha iad air an cur air dòigh gu grinn le stuthan eile air a' mhullach. Aithnichear air cumadh nan taighean gur e taighean-tughaidh a bha anna nuair a chaidh an togail. Tha na ballachan tiugha a' ciallachadh gun seas iad ris na gaothan a dh'fhaodas a bhith a' bualadh air Tiriodh agus air na h-eileanan eile aig an àm seo den bhliadhna. Bha na taighean seo dìonach. Tha facal ann, *Is trom snithe air taigh gun tughadh*. Nuair a bha dachaigh deiseil airson còmhnaidh a ghabhail ann, chanadh ar sinnsirean, *Ar taigh tughte agus ar talla tàirngte*. Bha e cudthromach gum biodh an tughadh air a chumail 'na àite, agus mar sin bha facal ann, *Taigh a thughadh gun a shiomaineachadh, saothair dhiomhain*.

Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson na mìos seo: "Na biodh ur cridhe fo thrioblaid." Tha na faclan sin againn ann an caibideil

cho ainmeil agus a tha againn anns a' Bhioball, soisgeul Eòin, an ceathramh caibideil deug, a' cheud rann. (Eòin 14:1.) Tha iomadh rud a dh'fhàgas daoine fo bhròn agus fo thrioblaid. Tha an Tiomnadh Nuadh ag innse mu na rudan a chuireas teicheadh air bròn. Tha Dia còmhla rinn anns a h-uile suidheachadh. Tha sin 'na adhbhar cofhurtachd. Nuair a tha rudan dorcha a' tachairt tha e math gu bheil càirdean ann a bheir neart dhuinn. Agus tha neart Dhè air a ghealltainn dhuinn an còmhnaidh.



Is toigh leam àm an fhoghair. Nuair a sgrìobh mi seo bha na dathan ag atharradh air na duilleagan. Am bliadhna

dh'fhàs na craobhan gu h-ìongantach agus tha iad brèagha nuair a chì sinn dathan ùra air na duilleagan. Tha craobhan ann nach bi ag atharrachadh an dath. Ach tha feadhainn eile ann ach bidh na duilleagan a' tionndadh gu donn agus dearg. Bha luchd-sgrìobhaidh a' Bhiobaill a' faicinn ràithean na bliadhna mar shamhladh air beatha an duine anns an t-saoghal. Nuair a tha sinn òg 's e an t-earrach a tha ann. Nuair a dh'fhàsas sinn nas sine 's e àm an fhoghair a tha ann.



Seanfhacal airson na mìos seo: "Dèan maorach fhad 's a tha an tràigh ann." (Get bait while the tide is

out.) Tha seanfhaclan eile ann a tha ag innse dhuinn gum feum sinn na cothraman a thig thugainn a ghabhail. Ma nì sinn dàil 's dòcha gun caill sinn an cothrom. Nuair a thig an làn a-steach chan fhaigh sinn maoreach. Tha am Bioball a' teagasg gum bu chòir dhuinn feum a dhèanamh de latha na slàinte. Tha dorsan fosgailte an-diugh nach bi fosgailte a-màireach. Tha cothroman againn an-diugh nach bi againn a-màireach. Tha sin fìor ann an rudan aimsireil agus ann an rudan spioradail.



Bidh seirbheisean pòsaidh air an cumail ann an iomadh àite. Mar as trice tha iad ann an eaglais, ach tha am

fear-deasachaidh air càraidean a phòsadh ann an àiteachan eadar-dhealaichte. Bha seirbheisean aige ann an taighean, ann an caistealan, agus a-muigh. Anns an t-Sultain bha seirbheis phòsaidh aige a-muigh. Ma tha seirbheis againn a-muigh feumaidh sinn a bhith cinnteach gu bheil an t-side freagarrach. Gu fortanach bha an aimsir fàbharach. Bha an latha grianach, ged a bha fuachd agus uisge ann air an ath latha. Bha beannachadh Gàidhlig anns an t-seirbheis.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall 's a-Bhos

RANN

*'S e mo dùrachd dhuibh bhith sàbhailt',
O gach trioblaid agus gàbhadh,
Siubhal iriosal gun àrdan,
'S creideasach do chàch nur giùlan.*

Seo ceathramh à dàn a rinn Uilleam MacCoinnich, maighistir-sgoile, do dhaoine òga à Clach na Cùdainn a chaidh air an imrich gu Amaireaga. Chaochail e ann an 1838 agus e ceithir fichead agus deich. Bha e an toiseach 'na thuathanach agus an dèidh sin bha e dà fhichead bliadhna 'na fhear-teagaisg.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh mu rudan air duilleagan a' Bhìobaill a thachair air an fheasgar.

1. Calaman. 2. —latha. 3. Iosa. 4. Maois.

AN T-URR. SEUMAS MACLATHAGAIN

Anns an t-Sultain chumadh co-labhairt shònraichte aig oilthaigh Ghlaschu airson beachdachadh air an obair a rinn an t-Urr. Seumas MacLathagain (1728-1805), a bhuineadh do shiorrachd Pheairt. A bharrachd air a bhith 'na mhinistear-sgìre bha e 'na mhinistear-airm aig rèiseamaid an Fhreiceadain Dhuibh. Chruinnich e o bheul-aithris iomadh dàn agus òran a thuilleadh air fiosrachadh eile. Tha an co-chruinneachadh iongantach aige glèidhte ann an oilthaigh Ghlaschu. Bha e pòsda aig Caitrìona, nighean Sheumais Stiùbhairt, ministear Chill Fhinn.

ADHBHAR GAIRE

Bidh ciall air leth aig cuid de dh'fhaclan a rèir dè an dual-chainnt Gàidhlig a bhios duine a' bruidheann. Bha cuideigin a' searmonachadh ann am fear de dh'eileanan Earra Ghàidheal aig an robh Gàidhlig a bha eadar-dhealaichte ris a' chainnt ris an robh na h-eileanaich cleachdte. A' cheud latha a bha anns a'

chùbaid nuair a bha e a bruidheann air “peacaich” bha an coitheanail an dùil gur ann air “piocaich” a bha e a-mach – a bha a' ciallachadh iasg anns an dual-chainnt acasan.

Urnaigh

A Dhè na sìthe,
air a' mhìos seo agus sinn a'
cumail cuimhne
air an fheadhainn a thuit ann
an cogaidhean,
tha sinn a' cuimhneachadh cuideachd
air cor an t-saoghail
anns a bheil sinn beò.
Beannaich còmhraidhean a tha a'
dol air adhart
airson sìth a stèidheachadh ann
an ceàrnaidhean trioblaideach
air feadh an t-saoghail.
Seo tha sinn a' guidhe
tre Chrìosd, a thàinig gu bhith
a' dèanamh sìth.

Amen

An dealbh air an aghaidh:

Seo sealladh ri taobh cladach Loch Fin
air latha socair samhraidh.

A' coimhead a-mach air uinneig an taighe
chì am fear-deasachaidh an loch
ann an iomadh cruth agus cumadh eadar-dhealaichte.

Ionnsaichidh sinn iomadh leasan
le bhith a' gabhail beachd air aghaidh
a' chuain aig gach àm den bhliadhna.